

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/12/23

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

<b>Comataidh:</b>	<b>Comataidh na Gàidhlig</b>
<b>Ceann-latha:</b>	<b>31 Cèitean 2023</b>
<b>Tìotal Aithisge:</b>	<b>Prìomh Aithrisean Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd</b>
<b>Aithisg le:</b>	<b>Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas</b>

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mu:

a) na prìomhachasan làithreach airson Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC) taobh a-staigh Plana na Gàidhlig (PnG3) le fòcas sònraichte air na cuspairean a leanas:

- A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne
- A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd

b) na prìomh raointean leasachaidh làithreach is teachdail a chuireas taic ri PnG3.

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- aontachadh gun tèid leantainn air adhart leis na h-ìomairtean a tha air am mìneachadh san aithisg.

### 3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Tha na buaidhean goireis taobh a-staigh nam prìomh shruthan buidseit làithreach a tha a' gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Taic Freumhan (Bòrd na Gàidhlig) agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF).
- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd a Plana Gàidhlig a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha an Aithisg a' gèilleadh ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Co-ionannachd

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde / Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig an-dràsta a’ frithealadh choinneamhan air-loidhne agus gu bhiortail, mar sin a’ lùghdachadh còmhhdhail gnothachais.
- 3.5 Cunnart – Chan eil cunnartan sam bith a’ tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.6 Gàidhlig – Tha an aithisg a’ neartachadh leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a’ cur taic ri bhith a’ buileachadh Plana na Gàidhlig.

#### **4. Prìomhachasan airson Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd taobh a-staigh Plana na Gàidhlig (PnG3)**

- 4.1 Tha an dà raon prìomhachais a leanas air am mìneachadh taobh a-staigh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd:

##### **Raon Prìomhachais 1. A’ Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne**

- Gun leanar air adhart a’ toirt taic do chom-pàirteachasan Gàidhealach gus goireasan a chruthachadh a bheir brosnachadh is taic do phàrantan no luchd-cùraim ann a bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus ann an solar tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne.

##### **Raon Prìomhachais 2. A’ Ghàidhlig sa Choimhearsnachd**

- Gun toirear cothroman seachad gus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd a bhrosnachadh is a mheudachadh.
- Gun cuirear ri agus gun toirear taic do Phlanaichean Leasachaidh Chom-pàirteachasan Coimhearsnachd, agus gun dèanar ceangal le buidhnean a th’ ann mar-thà gus dòigh-obrach in-ghabhaltach a bhrosnachadh is a chuideachadh a thaobh na Gàidhlig taobh a-staigh phlanaichean àite.
- Gun leanar a’ toirt taic is comhairle do bhuidhnean coimhearsnachd a thaobh leasachadh is cleachdadh na Gàidhlig.

- 4.2 Tha Oifigearan ILC Sgioba na Gàidhlig a’ toirt seachad co-obrachadh air leasachadh phròiseactan cànanain Gàidhlig timcheall air bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig (FtG). Gus obrachadh le sgoiltean FtG a chur air stèidh fhoirmeil, tha na h-oifigearan ILC air sgrìobhainn Plana Leasachaidh Gàidhlig a leasachadh airson ceangal leis na sgoiltean. Bheir Plana Leasachaidh Coimhearsnachd na Gàidhlig taic do phàrantan is sgoilearan FtG agus do choimhearsnachd sgoile na Gàidhlig san fharsaingeachd. Bidh oifigearan ILC ag amas air sgoiltean gach bliadhna acadaimigeach, a rèir prìomhachasan PnG4 bhon Lùnastal 2023.

#### **5. Prìomh Leasachaidhean airson Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Taobh A-staigh Foghlaim**

- 5.1 Breith gu Trì

Ag obair ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig, tha Sgioba na Gàidhlig a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do na roinnean Breith gu Trì ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha Neach-obrach Taic Phàistean Gàidhlig a-nis air am fastadh le Comhairle na Gàidhealtachd ann an Loch Abar agus tha neach-obrach ùr air tòiseachadh ann an sgìre Linne Mhoireibh.

Tha raon taic trèanaidh ri fhaotainn do gach buidheann bhon Care and Learning Alliance agus ann an co-bhann le Bord na Gàidhlig, chaidh trèanadh sònraichte air-loidhne a thabhan ann an raointean a leithid measaidhean cunnairt, trèanadh ionmhasail, agus sgilean comataidh. Tha trèanadh Book Bug Gàidhlig bho Urras Leabhraichean na h-Alba a-nis ri fhaotainn airson a' chiad uair bho COVID-19.

Tha e air a bhith doirbh do chuid de bhuidhnean phàistean Gàidhlig tòiseachadh às ùr às dèidh COVID ach le taic bho Sgioba na Gàidhlig, tha a' bhuidheann phàistean ann am Baile Ùr an t-Slèibh a-nis stèidhichte a-rithist le ceannard-cluiche às an sgìre fhèin. Ann an Inbhir Nis tha a' bhuidheann phàrant is phàistean a-nis air gluasad gu togalaichean Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus tha seo a' toirt cothrom airson eadar-glhuasad nas fheàrr gu Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne Gàidhlig. Bidh buidhnean phàistean a' coinneachadh gu cunbhalach ann an Ullapul, Baile Dhubhthaich agus Inbhir Pheofharain ach, air sàillibh dhuilgheadasan a' lorg luchd-obrach, tha beàrnann ann an taic fhathast ann an Inbhir Theòrsa, san Eilean Sgitheanach agus ann an Ros an Iar.

## 5.2 A' Toirt Taic do dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig sa Bhun-sgoil

Gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh is a mheudachadh am measg sgoilearan FtG taobh a-muigh foghlam foirmeil, bidh na h-oifigearan ILC a' cur air dòigh prògram de chlubaichean is chleasan às dèidh sgoile. Tha na cleasan uile air an libhrigeadh tron Ghàidhlig agus bidh na h-oifigearan ILC ag obair ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG na Gàidhealtachd gus an libhrigeadh tron teirm. Chaidh raon chothroman gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh tro shaor-làithean na Càisge a chur air adhart thar sgìre na Comhairle agus bha seo a' gabhail a-steach ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, sgeamaichean cluiche Gàidhlig agus raon chleasan spòrsail.

- [Cleasan](#)
- Gus slàinte is sunnd a bhrosnachadh am measg sgoilearan FtG, chuir Sgioba na Gàidhlig, ann an com-pàirteachas le FC Sonas, air dòigh [campa ball-coise Gàidhlig](#) trì latha ann am Port Rìgh tro shaor-làithean na Càisge. Ghabh faisg air 50 sgoilear FtG à Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, às an Àth Leathainn, Slèite agus Dùn Bheagain pàirt san tachartas.
- Chaidh latha ball-coise a chumail sa Ghearasdan ann an saor-làithean na Càisge, ann an com-pàirteachas le FC Sonas, le còrr is 30 leanabh FtG bho BSGLA, Malaig agus Àth Tharracail a' gabhail pàirt.
- Ann an com-pàirteachas le BSGLA, thòisich Club Spòrs maidnean Disathairne às ùr san Fhaoilleach 2023 le còrr is 40 leanabh an làthair gach seachdain.
- Thòisich clubaichean ball-coise Gàidhlig às dèidh na sgoile do sgoilearan ann am Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh san Lùnastal 2022 agus bidh iad a' ruith gu Ògmhios 2023.
- Chuir Sgioba na Gàidhlig air dòigh cleasan Spòrs airson sgoilearan Sgoil-Àraich agus C1 is C2 aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh agus thòisich iad san t-Samhain 2022.
- Bha Sgioba na Gàidhlig, ann an com-pàirteachas le Bun-sgoiltean Stafainn is Chille Mhoire, soirbheachail ann a bhith a' gleidheadh maoin eachadh £4000 bhon taobh a-muigh tro sgeama maoin eachaidh Taic Freumhan aig Bòrd na Gàidhlig. Cuiridh am maoin eachadh taic ri prògram thachartasan is chleasan às dèidh na sgoile dhan dà sgoil, a' gabhail a-steach Club FilmG, Club Gàidhlig agus Ball-coise Gàidhlig. Bidh am pròiseact a' ruith bho Lùnastal 2022 gu Ògmhios 2023.

- Chuir Sgioba na Gàidhlig air dòigh Ruith Spòrsail a chaidh a chumail ann am BSGI agus chaidh cuireadh a thoirt do theaghlaichean FtG ann an Druim na Drochaid, Inbhir Narann, Inbhir Pheofharain agus Baile Dhubhthaich tighinn còmhla ri teaghlaichean Inbhir Nis.

### 5.3 **A' Toirt Taic do dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig san Àrd-sgoil**

Tha Sgioba na Gàidhlig, ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig, a' cur air dòigh Seachdain nan Deugairean – tachartas còmhnaidheach fad-seachdain do dh'òigridh a thathar a' cumail gach bliadhna. Tha Seachdain nan Deugairean air a tabhann do sgoilearan Gàidhlig – an dà chuid do dh'fhileantaich is do luchd-ionnsachaidh – ann an Àrd-Sgoil Phort Rìgh agus Àrd-Sgoil a' Phluic. Tha Sgioba na Gàidhlig a' cur air dòigh tachartas 2023, a thèid a chumail eadar 15 agus 17 Cèitean.

Tha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd cuideachd a' toirt taic do dh'Fhèis Rois le pròiseact dràma Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd taobh a-staigh sgoiltean na Gàidhealtachd. Bidh oifigearan ILC a' ceangal le sgoiltean FtG san sgìre aca gus am pròiseact dràma a tha air a libhrigeadh le luchd-obrach Fèis Rois a chur air adhart agus com-pàirteachas ann a bhrosnachadh. Tha am pròiseact air bùithtean-obrach dràma a libhrigeadh gu soirbheachail tro sgoiltean FtG na Gàidhealtachd.

Thathar an dùil gun till an tachartas dreuchdan Gàidhlig Siuthad! mar thachartas aghaidh-ri-aghaidh san t-Samhain 2023 aig Cùirt an Easbaig. Tha an tachartas ag amas air aire a thogail am measg sgoilearan àrd-sgoile mu na cothroman a th' ann an raon farsaing roinnean, a' gabhail a-steach nam meadhanan, nan gnìomhachasan cruthachail, agus iomadh raon eile. Tha an goireas ri fhaotainn mar dhileab air-loidhne do sgoiltean.

Tha Sgioba na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirteachas le Ainmean Àite na h-Alba (AÀA) airson am pròiseact Facal is Fearann a leasachadh. 'S e amas a' phròiseict cùrsa facal-freumhachd còig seachdainean a chruthachadh is seo ag amas air sgoilearan ann an Clas 4–7 agus ÀS 1–2. Bidh dà leasan structaraichte sa chùrsa a bhios air a chruthachadh ann an com-pàirteachas eadar AÀA agus Comhairle na Gàidhealtachd agus air a libhrigeadh le tidsear FtG le taic bho phlanaichean leasain, duilleagan-obrach agus goireasan ionnsachaidh. Thig an cùrsa gu crìch le sgoilearan ag ullachadh taisbeanadh dhen obair aca san t-seachdain mu dheireadh. Math dh'fhaodte gum bi bùth-obrach AÀA ann gus mapa mòr a chruthachadh stèidhichte air fear de na mapaichean a chaidh a chruthachadh stèidhichte air toraidhean a h-aon is a dhà gu h-ìosal. Tha an cùrsa ag amas air na leanas a thoirt do sgoilearan:

1. nithean bunaiteach a thaobh mar a tha ainmean-àite air an cruthachadh agus na tha na h-eileamaidean a' ciallachadh
2. sgilean ann a bhith a' leughadh is a' dèanamh mhapaichan
3. cho cudromach 's a tha e ainmean-àite, is na tha iad a' ciallachadh, a ghleidheadh

### **Sgoilearan Foghlam tron Ghàidhlig – Colm Cille**

Bidh sgoilearan àrd-sgoile ann am Foghlam tron Ghàidhlig bho Inbhir Nis, Loch Abar, Inbhir Theòrsa agus Baile Dhubhthaich a' dol air turas còmhnaidheach gu Béal Átha Seanaidh, Dùn nan Gall, far am bi cothrom aca pàirt a ghabhail ann an cleasan cultarail is cleasan air a' bhlàr a-muigh a leithid dannsa Èireannach is a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig na h-Èireann. Bidh an turas a' gabhail àite san Ògmhios 2023. Tha an turas a' faighinn taic bho mhaoineachadh Cholm Cille aig Bòrd na Gàidhlig.

## **6. Prìomh Leasachaidhean is Phròiseactan airson ILC Taobh A-staigh na Dachaigh is na Coimhearsnachd 2022/23**

### **6.1 Clasaichean Gàidhlig Inbheach**

Tha clasaichean Gàidhlig do dh'inbhich a' sìor chòrdadh ri daoine agus iarrtas làidir ann airson clasaichean aghaidh ri aghaidh is air-loidhne do luchd-tòiseachaidh.

Ann an sgìre Inbhir Nis, chaidh trì clasaichean SpeakGaelic a chumail aghaidh ri aghaidh bhon Fhaoilleach chun na Càisge, a bharrachd air clas air-loidhne SpeakGaelic A2 agus Cearcall Còmhraidh do dh'oileanaich nas adhartaiche. Cuideachd, thòisich clas ùr do luchd-tòiseachaidh ann an Druim na Drochaid. Sa Ghiblean thòisich clas a bharrachd air-loidhne do luchd-tòiseachaidh. Tha clasaichean aghaidh ri aghaidh air an cumail ann an Inbhir Pheofharain, Cunndainn, Inbhir Theòrsa agus sa Bhlàran Odhar. Tha clas air-loidhne do luchd-ionnsachaidh meadhan-ìre cuideachd stèidhichte ann an Inbhir Pheofharain. Ann am Port Rìgh tha aon chlas SpeakGaelic A1, agus aon chlas SpeakGaelic A2.

### **6.2 A' Cur air Adhart Foghlam tron Ghàidhlig agus Buannachdan Dà-chànanais**

Chaidh grunn thachartasan a chur air dòigh airson aire a thogail mu bhuannachdan dà-chànanais agus gus Foghlam tron Ghàidhlig a bhrosnachadh agus na h-àireamhan a tha a' dol a-steach gu FtG àrdachadh. Math dh'fhaodte gur e làithean fosgailte no làithean spòrs a bhios sna tachartasan seo, no grunn chleasan brosnachail ann an co-bhann le buidhnean ro-sgoile is sgoiltean.

Chaidh feasgar fosgailte a chumail do phàrantan ann an Inbhir Narann san Fhaoilleach 2023 a bharrachd air madainn fhosgailte ann am Baile Ùr an t-Slèibh sa Ghearran.

### **6.3 Ionnsachadh Teaghlaich**

Ghlèidh Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig, maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig gus [Seachdain nan Teaghlach](#) a stèidheachadh a-rithist ann an suidheachadh coimhearsnachd. Tha am pròiseact a' toirt cothrom do phàrantan le clann ann am Foghlam tron Ghàidhlig ann an Alba (bun-sgoil no tràth-bhliadhnaichean) cothrom a dhol gu cùrsaichean cànan Shabhal Mòr Ostaig air a bheil iarrtas mòr, fhad 's a tha an cuid chloinne a' gabhail pàirt ann an raon chleasan spòrs, ealain is foghlam air a' bhliàr a-muigh tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh seachdain ionnsachadh teaghlaich a chumail aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar air 25 Gearran le fad latha de chleasan Gàidhlig do chloinn bun-sgoile is ro-sgoile fhad 's a bha pàrantan ag ionnsachadh Gàidhlig aig diofar ìrean. Bha còrr is 60 neach an làthair aig an tachartas a chaidh a chumail aig deireadh Seachdain na Gàidhlig.

### **6.4 Seachdain na Gàidhlig**

Airson Seachdain na Gàidhlig a chomharrachadh, chuir Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd air dòigh sreath de sheiseanan air-loidhne Leugh is Seinn le Linda do sgoilearan FtG ann an clasaichean Sgoil-Àraich agus Tràth Ìre.

Thug Sgioba na Gàidhlig taic do sgoiltean FtG leis na cleasan aca fhad 's a bha iad a' comharrachadh an tachartais. Chaidh mòran iomairtean air adhart, nam measg

pròiseactan a bha ag amas air cuspairean na Dachaigh agus na Coimhearsnachd, agus Foghlaim taobh a-staigh Plana Gàidhlig 3 Chomhairle na Gàidhealtachd.

Chaidh tachartas a chumail ann an Inbhir Nis do dhuine sam bith a bha airson tadhal a-staigh is bruidhinn no seinn sa Ghàidhlig, agus bha oisean ealain is ciùird ann do chloinn.

## 6.5 **Pròiseact Gàidhlig Alzheimer Alba**

Tha Sgioba na Gàidhlig a' cur taic ri pròiseact coimhearsnachd Gàidhlig a tha air a stiùireadh le Alzheimer Alba Taobh Siar na Gàidhealtachd. Chaidh an iomairt Ghàidhlig 'Còmhraidhean Gàidhlig' a stèidheachadh gus taic riatanach a thoirt do dhaoine le dementia aig a bheil a' Ghàidhlig mar chiad chànan agus an neach/luchd-cùraim agus an teaghlach. Tha am pròiseact a' ceangal gu cunbhalach le sgoilearan òga FtG aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (BSGPR) agus Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar (BSGLA). Tha BSGPR a' cur taic ris a' phròiseact tro bhith a' frithealadh bhuidhnean air-loidhne a' phròiseict is tro bhith a' seinn òrain Ghàidhlig. Bidh sgoilearan cuideachd a' dol gu na cruinneachaidhean mìosail aig Taigh-òsta Cuillin Hills agus chaidh an Cruinneachadh Gàidhlig mu dheireadh a chumail air Dihaoine 30 Sultain 2022. Chuir sgoilearan BSGPR taic ris a' phròiseact tro bhith a' clàradh òrain Ghàidhlig san sgoil airson a' phròiseict Ghàidhlig air a bheil Alzheimer Alba an lar ag obair mar phàirt dhen Ionad Ghoireasan Dementia Bhiortail aca. Leanaidh Sgioba na Gàidhlig air adhart a' leasachadh a' phròiseict ann an com-pàirteachas le Alzheimer Alba ann an 2023–24.

### **Cille Chuimein – Gleann nam Bàrd**

Thug Sgioba na Gàidhlig taic do shreath thachartasan Gleann nam Bàrd a chuir Buidheann Ghàidhlig Chille Chuimein air dòigh. Bha am pròiseact a' rannsachadh, a' clàradh is a' seinn òrain on sgìre ann an co-bhann ri clas Gàidhlig do dh'inbhich.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 11 Cèitean 2023

Ùghdar: Oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Sgioba na Gàidhlig:  
Shona NicPhàdraig, Dolina Ghrannnd agus Mairead Mulholland

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: